



Planadh Mion-chànain: Coimhearsnachdan ann an Èiginn

Oilthigh Ghlaschu

6-8 Ògmhios 2016

Prìomh Òraidichean Dearbhte:

François Grin (Oilthigh Geneva)

Leena Huss (Oilthigh Uppsala)

Brian Ó Curnáin (Institiúid Ard-Léinn Bhaile Átha Cliath)

Tha a' cho-labhairt seo, a tha a' togail air na co-labhairtean soirbheachail ann an 2011 is 2015, airson cothrom a thoirt do luchd-rannsachaidh, luchd-poileasaidh, luchd-cleachdaidh agus luchd-iomairt mhion-chànain a thighinn cruinn còmhla airson rannsachadh is eòlas a thoirt do chach-a-chèile gus an tèid seallaidhean ùra air ath-bheothachadh mhion-chànain a bhrosnachadh agus cothroman co-obrachaidh ùra a chomharrachadh. 'S e prìomh amas co-labhairt na bliadhna sa cùisean co-cheangailte ri planadh càin a dheasbad aig meadhan/meanbh ìrean, air obair ath-bheothachaidh a chumas taic ri buidhnean mhion-chànain le àireamhan sluaigh nas laige, cho math ri mion-chànain a tha 'às aonais stàit' agus/no aig nach eil taic stàite.

Gabhar ri taisbeanaidhean ann an ceithir riochdan: taisbeanaidhean pàipeir (pàipear fad 20 mionaidean + 10 mionaidean airson cheistean); taisbeanaidhean postair; pannalan; no buidhnean deasbaid. Mairidh pannalan is buidhnean deasbaid 90 mionaidean a dh'fhaid. Bidh pannalan stèidhichte mar sreath phàipearan co-cheangailte air cuspair sònraichte, agus bidh buidhnean deasbaid a' leantainn cruth nas mì-fhoirmeile airson prìomh chuspairean an lùib planadh càin a thogail is a dheasbad. Thathar ag iarraidh air an luchd-libhrigidh a bhith cruthachail nuair a thathar a' libhrigeadh nam buidhnean deasbaid.

Cha bu chòir gum bi geàrr-chunntasan taisbeanaidhean pàipeir no postair nas fhaide na 300 facal. Bu chòir gum bi gach geàrr-chunntas fa leth an lùib geàrr-chunntais airson phannalan is mìneachadh nas giorra na 300 facal airson a' phannail gu lèir. Cha bu chòir gum bi buidhnean deasbaid nas fhaide na 300 facal is ainmean trìuir luchd-deasbaid co-dhiù is neach/luchd libhrigidh na chois. Bu chòir gum comharraich luchd com-pàirteachaidh dè an cruth a tha fa-near san taisbeanadh aca. Mas e taisbeanadh pàipeir traidiseanta a tha fa-near, nach comharraich thu gum/nach biodh tu riarachtaiche am pàipear a thoirt seachad an riochd postair na àite. Thèid beachdachadh air geàrr-chunntasan a tha a' freagairt ri cuspair sam bith co-cheangailte ri planadh mion-chànain, ach tha sinn a' sireadh gheàrr-chunntasan air na cuspairean a leanas gu h-àraid:

- Planadh Càin aig Meanbh is Meadhan Ìrean
- Dàimh eadar Mòr agus Meanbh/Meadhan Ìrean de Phlanadh Càin
- Sgrùdadh coimeasach air coimhearsnachdan mion-chànain
- Dùbhlannan le prìomhachasan an lùib planadh mion-chànain
- Taobhadh cuspaireil agus coimhearsnachdan mion-chànain
- Feum airson oidhirpean com-pàirteach an lùib planadh càin
- Teòiridh shòiseo-eòlach agus seasmhachd mion-chànain
- Dùbhlannan a thaobh iomadachd mhion-chànain agus cultair iar-nuadh

Thèid pàipearan a ghairm anns an Dàmhair. Faodar ceist sam bith a chur thugainn aig:

soillseconference2016@gmail.com